


A' MEÒRACHADH



A' Cnuasachadh: Hiort

'S e seo bàta-phuist à Eilean Hiort – inneal beag inntinneach! Chithear e ann an Taigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar. Chaidh a' dhèanamh anns na 1890an agus thàinig am bàta-phuist seo dhan taigh-tasgaidh uaireigin ro 1938.

1

RANNSAICH

Coimhead air am bàta-phuist agus na cumaidhean neo-abhaisteach. Chaidh e air an dèanamh le bian agus fiodh. 'S e gnìomh gu math dòchasach a bha ann inneal mar seo a' cleachdadh – na h-eileanaich an dòchas gun rachadh na litrichean dhan tìr-mòr, ach cha robh ann airson am bàta-phuist a' stiùireadh ach na tìdeachan-mara. Bhiodh litrichean air an cur ann an soitheach uisge-dhionach, mar bu trice aotroman chaorach, ceangailte ri puta a rinn iad fhèin.

2

BRUIDHINN MU DHEIDHINN

Tha sinn a' cluinntinn tòrr bu bheatha na Hiortaich - gun robh e doirbh, làn dhùbhlain agus iomallach. Ach bha na Hiortach nan Gàidheil cuideachd, le blas agus dual-chainnt sònraichte aca fhèin, agus dòighean-beatha beagan eadar-dhealaichte a bha freagarrach dhan t-suidheachadh aca.

Bha na Hiortaich daoine dèanadach, ach gun an fhirinn innse cha robh an t-uabhas feum aca air bàta-phuist. Is ann bho bhuidh luchd-naidheachd a bha stuite ann an Hiort am measg gort ann an 1876 a chaidh a chiad bàta-phuist a' chleachdadh.

3

BRUIDHINN MU DHEIDHINN

Bha dòigh-beatha sònraichte aig na Hiortaich, far an robh iad comasach a h-uile goireas nadarra an cuir gu feum. Bhiodh iad a' sealg eòin agus gan ithe, a' cumail caoraich son feòil, bainne agus clòimh agus a' cuir glasraich tron Earraich agus an t-Samhraidh cuideachd. 'S e beatha cruaidh a bh' ann. Bha muinntir an eilean comasach agus dicheallach ged ta agus le dlùth-eòlas air an àrainneachd mun chuairt orra.

Ged a bha coimhearsnachd beag aca, bha iad cuideachd ann an conaltradh le muinntir an tìr-mhòr. An uair a thòisich luchd-turais a' tighinn dhan eilein, bhiodh cothrom aca a' reic nithean dhaibh, agus rudan ùr fhaighinn air iomlaid. Thug seo buaidh mhòr air an dòigh-beatha traidiseanta na Hiortaich.

An latha an-diugh chan eil neach sam bith a' fuireach ann an Hiort làn-thìde. Dh'fhàg Na Hiortaich? slugh an eilean mu dheireadh air an 29mh Lùnastal 1930.

An cuala tu an abairt 'bho Pheairt gu Hiort' riamh roimhe? Tha e a' ciallachadh sgìre traidiseanta na Gàidhealtachd.



4

FFAIGH BARRACHD FIOSRACHADH


Cò ris an sgrìobhadh tu nan robh thu fada air falbh? Cò ris am biodh tu fhèin airson litir sgrìobhadh? Dè bhiodh tu airson innse dhaibh?



5

CRUTHAICH CUIMHNEACHAIN

Cleachd an duilleag seo gus do bheachdan a phlanadh.



Cò tha thu airson comharrachadh?

Carson a tha thu airson cuimhneachadh air na thachair dhaibh?

Cò ris a bhiodh an dealbhadh agad coltach? Dè na cruthan no dealbhan a chuireadh tu ann?

Dè an teachdaireachd a sgrìobhadh tu?

